

C1-4-3-1 Modal 4 Aonad 3 Dè an uair a tha e? Earrannan Èisteachd

	Transcript	Earrann 1 (1. Èist)	An Uair (Pàirt 1)
C1-4-3-2		Dè an uair a tha e? (chime) Tha e uair. Dè an uair a tha e? (chime) Tha e dà uair. Dè an uair a tha e? (chime) Tha e trì uairean. Dè an uair a tha e? (chime) Tha e ceithir uairean. Dè an uair a tha e? (chime) Tha e còig uairean. Dè an uair a tha e? (chime) Tha e sia uairean.	
C1-4-3-3		Èistibh a-rithist:	
C1-4-3-4		Dè an uair a tha e? Tha e uair. Dè an uair a tha e? Tha e dà uair. Dè an uair a tha e? Tha e trì uairean. Dè an uair a tha e? Tha e ceithir uairean. Dè an uair a tha e? Tha e còig uairean. Dè an uair a tha e? Tha e sia uairean.	

C1-4-3-5 Transcript Earrann 2 (2. Èist) An Uair (Pàirt 2)

C1-4-3-6	Dè an uair a tha e? Tha e seachd uairean. Tha e ochd uairean. Tha e naoi uairean. Tha e deich uairean. Tha e aon uair deug. Tha e dà uair dheug.
----------	--

Èistibh a-rithist:

Tha e seachd uairean.
Tha e ochd uairean.
Tha e naoi uairean.



Tha e deich uairean.

Tha e aon uair deug.

Tha e dà uair dheug.

C1-4-3-7 Earrann 3 (3. Èist) Dè an uair a tha e?

- C1-4-3-8 a. Tha e trì uairean.
- C1-4-3-9 b. Tha e aon uair deug.
- C1-4-3-10 c. Tha e uair.
- C1-4-3-11 d. Tha e naoi uairean.
- C1-4-3-12 e. Tha e dà uair.
- C1-4-3-13 f. Tha e seachd uairean.
- C1-4-3-14 g. Tha e dà uair dheug.
- C1-4-3-15 h. Tha e sia uairean.

C1-4-3-16 Earrann 4 (6. Èist) An Cloc Mòr

- C1-4-3-17 a. 3 chimes
- C1-4-3-18 b. 7 chimes
- C1-4-3-19 c. 1 chime
- C1-4-3-20 d. 4 chimes
- C1-4-3-21 e. 12 chimes
- C1-4-3-22 f. 10 chimes
- C1-4-3-23 g. 2 chimes
- C1-4-3-24 h. 5 chimes



C1-4-3-25 Earrann 5 (7. Èist) Partaidh

- C1-4-3-26 a. Iain: Hai, a Chailein! Ciamar a tha thu?
 Cailean: Tha gu math tapadh leat, Iain. Dè tha dol?
 Iain: Tha mi a' dol gu partaidh co-là-breith Diardaoine.
 Cailean: Ò, glè mhath! Cuin a tha am partaidh ann?
 Iain: Aig ceithir uairean feasgar.
 Cailean: Uill, mar sin leat!
 Iain: Mar sin leat, a Chailein!
- C1-4-3-27 b. Eilidh: Tha fèis ann Diluain, a Mhairead.
 Mairead: 'S math sin! Is toigh leam fèisean! Cuin a tha i ann?
 Eilidh: Aig deich uairean anns a' mhadainn.
 Mairead: Glè mhath! A bheil thu fhèin a' dol ann, Eilidh?
 Eilidh: Ò, tha!
 Mairead: Sgoinneil!
- C1-4-3-28 c. Siùsaidh: Seall, Anndra! Tha film ùr James Bond ann
 Dihaoine.
 Anndra: A bheil?
 Siùsaidh: Tha.
 Anndra: Cuin a tha e ann?
 Siùsaidh: Tha e ann aig seachd uairean feasgar.
 Anndra: Math dha-riribh!
- C1-4-3-29 d. Màrtainn: A bheil dad a' dol Disathairne, Sharon?
 Sharon: Tha dealbh-chluich ann.
 Màrtainn: Càite?
 Sharon: Ann an Eden Court.
 Màrtainn: Cuin a tha e ann?
 Sharon: Aig ochd uairean feasgar. Dè do bheachd?
 Màrtainn: Cha toigh leam dealbhan-cluiche.



Sharon: Uill, is toigh leamsa dealbhan-cluiche. Tha mise a' dol ann.

Màrtainn: Ceart gu leòr. Chì mi Diluain thu.

- C1-4-3-30 e. Pòl: Tha gèam iomain ann Dimàirt, a Chaluim. A bheil thu a' dol ann?
- Calum: Tha. Tha mi math air iomain. Cuin a tha e ann?
- Pòl: Aig aon uair deug anns a' mhadainn.
- Calum: Glè mhath. Tioraidh an-dràsta!
- Pòl: Tioraidh!

C1-4-3-31 Transcript Earrann 6 (9. Èist) Tha e cairteal gu...

- C1-4-3-32 a. Tha e leth-uair an dèidh sia.
- C1-4-3-33 b. Tha e cairteal gu naoi.
- C1-4-3-34 c. Tha e còig mionaidean gu trì.
- C1-4-3-35 d. Tha e deich mionaidean an dèidh aon uair deug.
- C1-4-3-36 e. Tha e fichead mionaid gu dhà.
- C1-4-3-37 f. Tha e còig mionaidean fichead an dèidh còig.

C1-4-3-38 Earrann 7 (11. Èist) Tidsear crosta

- C1-4-3-39 a. Iain: Dè an uair a tha e, a Mhàiri?
- Màiri: Tha e còig mionaidean an dèidh naoi.
- C1-4-3-40 b. Calum: A Chatriona, dè an uair a tha e?
- Catriona: Tha e cairteal gu sia, a Chaluim.
- C1-4-3-41 c. Emma: Cuin a tha am partaidh ann?
- Sine: Tha am partaidh aig leth-uair an dèidh ceithir.
- C1-4-3-42 d. Ailean: A bheil ball-coise ann an-diugh?
- Aonghas: Tha. Tha ball-coise ann aig deich mionaidean gu aon uair deug.



- C1-4-3-43 e. Aisha: A bheil thu a' cluich iomain Diluain, a Thòmais?
Tòmas: Tha mi a' cluich aig cairteal an dèidh dhà.
- C1-4-3-44 f. Mòrag: Cuin a tha an dannsa ann Dìhaoine?
Ceitidh: Tha an dannsa aig leth-uair an dèidh deich.
- C1-4-3-45 g. Anndra: A bheil thu a' dòl gu Gàidhlig an-dràsta, a Sheumais?
Seumas: Tha. Dè an uair a tha e?
Anndra: Tha e còig mionaidean fichead an dèidh dà uair dheug.
Seumas: Obh, obh! Tha an tidsear cho crosta ...
- C1-4-3-46 h. Seònaid: Tha Seumas a' seinn aig cèilidh anns an talla.
Ruairidh: Cuin?
Sèonaid: Aig fichead mionaid gu ochd.
Ruairidh: Seumas? A' seinn? Tha sin uabhasach!

C1-4-3-47 Earrann 8 (13. Èist) Tha e mu thòrì uairean

- C1-4-3-48 a. Tha e mu thòrì uairean.
- C1-4-3-49 b. Tha e mu chairteal an dèidh naoi.
- C1-4-3-50 c. Tha e mu dhà uair dheug.
- C1-4-3-51 d. Tha e mu leth-uair an dèidh seachd.
- C1-4-3-52 e. Tha e mu fhichead mionaid gu aon uair deug.
- C1-4-3-53 f. Tha e mu chòig mionaidean an dèidh deich.
- C1-4-3-54 g. Tha e mu uair.
- C1-4-3-55 h. Tha e mu cheithir uairean.



C1-4-3-56 Earrann 9 (15. Èist) Diluain

- C1-4-3-57 1. Tha mi a' gabhail bracaist.
- C1-4-3-58 2. Tha mi a' sgrìobhadh.
- C1-4-3-59 3. Tha mi a' teacsadh.
- C1-4-3-60 4. Tha mi a' cluich iomain.
- C1-4-3-61 5. Tha mi a' dol dhachaigh.

- C1-4-3-62 6. Tha mi a' coimhead TBh.
- C1-4-3-63 7. Tha mi ag èisteachd ri ceòl.
- C1-4-3-64 8. Tha mi a' dol dhan leabaidh.

C1-4-3-65 Earrann 10 (20. Èist) Bha mi a' cluich...

- C1-4-3-66 a. Màiri: An robh thu a' cluich ball-coise?
 Iain: Bha. Bha e math.
- C1-4-3-67 b. Calum: An robh sibh a' coimhead TBh?
 Sine: Bha. Bha EastEnders air.
- C1-4-3-68 c. Pàdraig: An robh thu a' bruidhinn air a' fòn?
 Mòrag: Bha. Bha mi a' bruidhinn ri Anna.
- C1-4-3-69 d. Ceitidh: An robh thu a' seinn aig a' chèilidh?
 Anndra: Cha robh. Cha robh mi gu math.
- C1-4-3-70 e. Seònaid: An robh thu a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig?
 Tòmas: Cha robh. Bha sinn a' leughadh.
- C1-4-3-71 f. Màrtainn: An robh thu a' dèanamh obair-dachaigh?
 Anna: Cha robh. Cha robh obair-dachaigh agam.

C1-4-3-72 Earrann 11 (21. Èist) Cha robh mi gu math

- 
- C1-4-3-73 a. Anna: A Ruairidh, an robh thu aig film Dìhaoine?
 Ruairidh: Bha. Bha mi aig film ùr James Bond.
- C1-4-3-74 b. Iain: Fhionnlaidh, an robh thu a' coimhead Na
 Simpsons a-nochd?
 Fionnlagh: Bha. Bha e uabhasach math!
- C1-4-3-75 c. Mòrag: A Chairistiona, an robh thu aig iomain?
 Cairistiona: Cha robh. Chan eil mi idir math air iomain.
- C1-4-3-76 d. Daibhidh A Mhàiri Anna, an robh thu ag obair an-diugh?
 Màiri Anna: Bha agus tha mi sgìth a-nis!
- C1-4-3-77 e. Sine: A Chailein, an robh thu anns an sgoil Diluain?
 Cailean: Cha robh. Cha robh mi gu math.

C1-4-3-78 Earrann 12 (Sùil air ais 5) Ag obair Dihaoine

- C1-4-3-79 a. Màrtainn: Dè bha thu a' dèanamh an-dè, lain?
lain: Bha mi a' cluich rugbaidh an-dè aig a' phàirc.
- C1-4-3-80 b. Màrtainn: An robh thu ag obair Dihaoine, a Chatriona?
Catriona: Bha. Bha mi ag obair anns an taigh-òsta
Dihaoine.
- C1-4-3-81 c. Mòrag: An robh thu a' coimhead TBh a-raoir, Ealasaid?
Ealasaid: Cha robh. Bha mi a' cluich ball-coise aig
a' chlub-òigridh.
- C1-4-3-82 d. Mòrag: An robh Anna a' teacsadh a caraidean air a' bhus
anns a' mhadainn?
Dòmhnull: Cha robh. Bha i a' bruidhinn air a' fòn-làimhe.
- C1-4-3-83 e. Calum: Dè bha thu a' dèanamh Disathairne, a Shìne?
Sìne: Cha robh mi a' dèanamh sìon. Bha mi anns an
leabaidh. Bha mi cho tinn ri cù!
- C1-4-3-84 f. Eilidh: An robh thu a' seinn aig a' chèilidh Diardaoin,
Aonghais?
Aonghas: Bha. Bha an cèilidh aig ochd uairean anns an
talla. Bha mi math dha-rìribh.
(a'seinn) Teann a-nall, 's thoir dhomh do làmh...
Eilidh: Obh, obh! Tha mi a' falbh!

C1-4-3-85 Earrann 13 (Sùil air ais 6) Òran: Cur-seachadan

(air fonn: Mòrag à Dùn Bheagain)

- C1-4-3-86 Ho bhan sna ho bhan ho,
Ho bhan sna hi ho ro,
Ho bhan sna ho bhan ho,
Is toigh leam fhìn ball-coise.



Is toigh leam Spòrs, tha rugbaidh math,
A' ruith 's a' leum a h-uile latha.
Càit an robh thu? Aig a' phàirc
A' cluich ball-coise is iomain.

Is toigh leam teacsadh, 's toigh leam ceòl.
Dè do chor is dè tha dol?
Bha cèilidh is dannsa aig an sgoil.
Bha Màiri Anna is lain ann.

Disathairne, a' coimhead TBh,
A' suidhe sìos le cupa tì.
Tha film èibhinn air aig trì.
Bi sàmhach is dùin an doras!

Cur-seachadan is spòrs gu leòr:
Còcaireachd no leughadh leabhar.
A' coimhead anns na bùthanòrr.
Aig snàmh, club-òigridh 's dràma.

